

Tiotal: Dàimhean gaoil agus romansach

Pàirt 3: Ciamar a bhios dàimhean ag obair?

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE



Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a	<ul style="list-style-type: none">• Fìreanachadh carson a tha dealas, earbsa agus spèis aig teis meadhan a bhith fo chùram agus cùram do chàch.
Tha mi a' tuigsinn cudromachd agus feum air dealas, earbsa agus spèis ann an dàimhean gràdhach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c	<ul style="list-style-type: none">• Mìneachadh cudromachd luachan is amasan co-roinnté ann an cumail suas dhàimhean gràdhach agus gnèitheasach, mar eisimpleir, spèis do chàch-a-chèile, aonta mu fheise.
Tha mi a' leasachadh sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith dùbhlachan no duilich. HWB 4-46c	<ul style="list-style-type: none">• Taisbeanadh nan sgilean a tha a dhìth airson suidheachaidhean dùbhlachan a làimhseachadh taobh a-staigh dhàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, dearbhachd.
Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a	

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoin' òga cho cudromach 's a tha cùram dhaibh fhèin agus do dhaoin' eile ann an dàimhean.
- Gun tuig daoin' òga gum faod dàimhean inbheach pòsadh, compàirteachas sìobhalta agus fuireach còmhla a ghabhail a-steach.
- Gun aidich daoin' òga na cuideaman a th' orra gus a bhith ann an dàimhean.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha conaltradh, firinn agus earbsa ann an dàimhean.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa cèile a dh'iarrainn, agus mu na bheirinn-sa chun na dàimh.
- Tha mi a' tuigsinn gum faod inbhich a bhith pòsta, ann an daimh shiobhalta no a' fuireach còmhla.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a ruighinn mu na dàimhean a tha mi ag iarraidh.

NÒTA: Far a bheil mòran dhen ghniomh seo mu chonaltradh san fharsaingeachd, tha rannsachadh ag innse dhuinn gu bheil conaltradh fior chudromach nuair a thathas a' toirt taic do dhaoin' òga gus conaltradh feiseil a chumail suas airson 's gun ruig iad deagh cho-dhùnaidhean a thaobh feise agus casg-gin. Thathar a' dèiligeadh ris na cuspairean seo aig an ìre seo agus aig Àrd Ìre.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Duilleagan gèam conaltraidh
- Prop: Rudan air am bu chòir cupall bruidhinn mus tèid iad a dh'fhuireach còmhla

Obair

1. Tòisich mar seo: An-diugh tha sinn gu bhith a' smaoineachadh air mar a bhios dàimh ag obair. Tha 3 rudan mòr ann air am feumar smaoineachadh: Conaltradh + Fìrinn + Earbsa.
An toiseach, gèam conaltraidh.
2. **Gèam conaltraidh:** Ag obair ann an dithisean, tha neach 1 a' faighinn a' chiad liosta. Chan eil math do neach 2 a faicinn. Tha aig neach 1 ri cunntas a thoirt air na 10 faclan, facal mu seach gun a bhith a' cleachdad an fhacail fhèin agus *cùm a' feuchainn gus am faigh an caraid e*. Nuair a gheibh iad na deich gu lèir, tha iad ag èigheach DEISEIL! Tha a h-uile duine a' cumail orra gus am bi iad deiseil. An uair sin nì iad suaip agus tha aig neach 2 ris an liosta dhìomhair acasan a chleachdad. (faic am prop).
3. A' smaoineachadh mu chonaltradh, faighnich dhan chlas: Ciamar a bhios sinn a' sealltainn na tha sinn a' smaoineachadh, a' faireachdann no ag iarraidh? An dèidh beachdan fhaighinn bho na daoin' òga, seall an slaighd a tha ag innse mu rannsachadh air mar a bhios daoin' òga a' conaltradh agus brosnaich còmhradh. Tro chòmhradh, meòraich air stoidhlean/dòighean conaltraidh nan daoin' òga? A bheil na figearan (ceudachdan) seo ceart dhaibhsan? Do dhaoin' eile?
 - Bidh sinn a' cleachdad faclan airson 7% den chonaltradh againn.
 - Bidh sinn a' cleachdad fuaim ar guth airson 38% den chonaltradh againn.
 - Bidh sinn a' cleachdad coltas aodainn agus gluasad bodhaig airson 55% den chonaltradh againn.
4. Cluich gèam: **Charades fhaireachdainnean.**
 - a. Bidh eòlas aig na daoin' òga air 'charades' no 's dòcha gum bi sibh air rud coltach a chluich roimhe. Mura h-eil, mìnich gu bheil 'faireachdann' air gach striop (air an gearradh bhon phrop) agus gu bheil aig cuideigin (gu saor-thoileach) ris an fhaireachdann a chur an cèill a' cleachdad charade/mìm/actadh airson *a chur an cèill do dhaoin' èile*, ach a' cur cuideam air coltas aodainn agus gluasad bodhaig, gun fhaclan, agus tha aig na daoin' eile ri tomhas dè th' ann.
 - b. Tha faireachdainean air am moladh/cuir ris an liosta mar a thogras tu. Dèan a' chiad fhear mar mhìneachadh ma tha sin feumail.
(*Molaidhean*: toilichte/brònach/air bhioran/iomagaineach/troimh-a-chèile/nearbhasach/coma co-aca/fo eagal/sàraichte/misneachail) daingeann/ann an gaol/iongnadh/sgìth/moiteil
5. Airson tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air conaltradh, cleachd an ath sheata shlaighdean. Faighnich na ceistean seo dhan chlas. Anns gach fear tarraing aire gu na thathar a' cur an cèill le **faclan, fuaim guth no gluasad bodhaig** gach turas. Cuideachd meòraich air cho eadar-dhealaichte 's a tha daoine. Mar sin, a' smaoineachadh air mar a bhios daoine a' conaltradh:
 - Ciamar a dh'aithnicheas tu nuair a tha bëibidh toilichte?
 - Ciamar a dh'aithnicheas tu nuair a tha caraid toilichte no mì-thoilichte leat?

- Ciamar a dh'aithnicheas tu nuair a tha cuideigin aig an taigh mì-thoilichte mu rudeigin a rinn thu?
 - Cò as aithne dhut a tha uabhasach math air a bhith a' conaltradh le coltas aodainn a-mhàin no gluasad bodhaig?
 - Dè chanadh tu as trice a bhios tu a' cleachdadhuair a tha thu a' cur nam faireachdainnean agadsa an cèill?
6. A' gluasad air adhart, can gu bheil sinn air a bhith a' smaoineachadh mu chonaltradh, agus gu bheil e soilleir gu bheil seo cudromach anns na dàimhean againn gu lèir. Ach a-nis, gluais cùisean air adhart gu bhith a' smaoineachadh mu **fìrinn** agus **earbsa**.
7. Tòisich mar seo/cleachd an slàighd: Dh'fhaighnich rannsachadh ann an Alba **Dè dh'fheumas tu airson deagh dhàimh?** A bharrachd air **deagh chonaltradh**, b' e na freagairtean bu bhitheanta **fìrinn** agus **earbsa**. Iarr beachdan: Carson a tha firinn agus earbsa cho cudromach? Thoir a-steach/cleachd beachdan bho dhaoin' òga, agus mar a tha sibh ag obrachadh tro na slaghdean, iarr beachdan: A bheil seo fior? A bheil iad ag aontachadh? A bheil iad ag aontachadh gu bheil firinn agus earbsa cho cudromach?

Tha earbsa a' tighinn ron h-uile sòn eile. Chan eil e gu diofar dè an seòrsa dàimh sa bheil thu, 's e earbsa an aon rud a bhios a' tighinn eadar dhaoine fad na h-ùine. Mura h-eil earbsa agad annta, cha d' fhiach bodraigeadh. (aois 16)

Mura h-eil, chan eil e fallain – bhiodh dragh ort fad na h-ùine gum biodh iad a' falbh còmhla ri neach eile gun fhiosta dhut. Bhiodh iomagain ort. Coltach ri firinn tha e ag obrachadh an dà shlighe, tha feum air na dhà. (aois 15)

Dileas, firinneach, càramach, foighidneach, sin na bu chòir earbsa a bhith a' ciallachadh a thaobh feise agus dàimhean. (aois 16)

Cha robh agam ach aon bhàmair san robh earbsa agam. Le neach sam bith eile bhiodh eagal orm gun innseadh iad do charaidean mum dheidhinn 's bhiodh iomagain orm mu na bhiodh iad a' smaoineachadh agus ag ràdh. (aois 15)

8. **Rudan air am bu chòir do dhaoin' òga bruidhinn mus tèid iad a dh'fhuireach còmhla.** Thoir a-steach an ath ghnìomh a tha mu na 3 puinean air an robh sinn a' coimhead thuige seo: conaltradh, fireantachd agus earbsa. Mìnich gu bheil 10 cuspairean air am bi daoine 's dòcha airson conaltradh – ach dè cho cudromach 's a tha iad ann am beachd nan daoin' òga? Dè bhiodh cudromach dhaibhsan nam biodh iad a' smaoineachadh mu bhith a' fuireach còmhla ri cèile? Ri dhèanamh ann am buidhnean beaga. Bu chòir do gach buidheann an gnìomh fhaighinn còmhla ris an duilleig promtaidh. Seo na ceistean (dèan cinnteach à tuigse a thaobh a' chàin, me ann an dàimh no pòsta aig aon neach aig an aon àm):
- Ciamar a làimhsicheas sinn airgead?
 - Càit am bi sinn a' fuireach?
 - Cò sgioblachas agus a nì glanadh?
 - A bheil sinn ag iarraidh an aon rud a thaobh feise?
 - Am bi clann againn?

- An e dàimh ri aon neach a-mhàin a tha seo?
- Dè a' phàirt a bhios aig ar pàrantan/teaghlaichean san dàimh seo?
- Dè am biadh as toigh leinn?
- Am bi peataichean againn?
- Ma tha trioblaid againn le chèile, ciamar a chuireas sinn cùisean air dòigh?

Às deidh beagan còmhraidd/cur an òrdugh phrìomhachais, dèan sgrùdadadh tro fhios-air-ais air na rudan a tha nam priomhachas do dhaoin' òga agus na rudan nach eil agus carson. Èist ris na freagairtean eadar-dhealaichte; agus far a bheil *conaltradh, firinn* agus *earbsa* air tighinn suas.

9. Cuir an cuimhne nan daoin' òga gum faod dàimhean toirt ort a bhith a' faireachdainn mìorbhaileach, ach gum faod iad cuideachd d' fhàgail fo chuideam agus troimh-a-chèile. Cuimhnich dhaibh gu bheil e an-còmhnaidh nas fheàrr comhairle fhaighinn ma tha duilgheadasan agad le dàimhean. Faodaidh iad bruidhinn ri tidsear no inbheach earbsach eile, no gheibh iad deagh comhairle air-loidhne aig www.childline.org.uk

Beachdan eile

- Chaidh an rannsachadh òigridh, air a bheil an gnìomh seo stèidhichte, a dhèanamh le daoin' òga eadar aoisean 15 agus 21 à Ròinn Tatha. Tha e air fhoillseachadh an seo <https://makeitgoodtayside.org/>.
- Tha fiosrachadh mu chonaltradh chloinne ri fhaighinn aig Talking Point <http://www.talkingpoint.org.uk/>

Ceangal ris an dachaigh

Tha earrann goirid an cois an leasain **Gaoil** a ghabhadh cleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc seo air dàimhean gaoil agus romansach.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaibh RSHP seo:

- Gaol
- A' fuireach còmhla, Pòsdadh agus Compàirteachasan Siobhalta
- Feartan cèile agus a' bruidhinn mu dhàimhean

Nòtaichean Tidseir